

21 Faoilleach 2025

A phàrant/neach-cùraim chòir

San t-Samhain 2024, thadhail sgioba de luchd-sgrùdaidh Foghlam Alba air Bun-sgoil a' Phluic. Rè ar cuairt, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri clann agus dh'obraich sinn gu dlùth còmhla ris a' cheannard agus an luchd-obrach.

Chaidh sgoil-àraich Bun-sgoil a' Phluic a sgrùdadh le Coimisean a' Chùraim san 18 mìosan a chaidh seachad. Mar sin, tha sinn air aontachadh leis an ùghdarras ionadail agus an sgoil nach eil an sgoil-àraich na pàirt den sgrùdadh seo.

Fhuair an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile.

- Tha clann, luchd-obrach agus teaghlaichean a' faighinn buannachd bho dhàimhean taiceil agus adhartach. Tha seo a' cur ri cultar àraich a tha dàimheil agus in-ghabhalach, a' ciallachadh gu bheil beachd dìorrasach aig a' chloinn a thaobh an cuid ionnsachaidh.
- Tha a' chlann moiteil às an sgoil aca agus tha iad a' dol an sàs gu math ann a bhith a' planadh agus dèanamh cho-dhùnaidhean mu phàirtean cudromach de bheatha na sgoile. Tha an t-eadar-obrachadh aca a' nochdadh nan luachan aontaichte aca.
- Tha an sgioba-obrach a' coinneachadh gu h-èifeachdach ri feuman sunnd na cloinne. Bidh iad a' tabhann àite ionnsachaidh sàbhailte, soirbheachail agus toilichte don chloinn.
- Tha ceannardas meòrachail, stèidhichte air fuasgladh nan àrd-stiùirichean ann an Gàidhlig a' meudachadh àireamhan luchd-labhairt an dà chuid ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig agus ann am Foghlam Luchd-ionnsachaidh. Tha an sgioba-obrach nan deagh eisimpleirean ann a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig airson foghlam na cloinne agus ann a bhith a' conaltradh ri chèile.

Chaidh na raointean leasachaidh a leanas a chomharrachadh agus chaidh beachdachadh orra leis a' cheannard agus riochdaire bho Chomhairle na Gàidhealtachd.

- Bu chòir do dh'àrd-stiùirichean cumail orra ag obair còmhla ri luchd-obrach gus coileanadh cloinne àrdachadh. Bu chòir dhaibh tuilleadh planaigh a dhèanamh air mar a libhrigeas iad ionnsachadh agus teagasg aig astar math a tha a' sùileachadh barrachd ach a tha reusanta.
- Bu chòir do dh'àrd-stiùirichean, luchd-obrach agus clann cumail orra a' meudachadh chom-pàirteachasan le luchd-labhairt na Gàidhlig sa choimhearsnachd, buidhnean Gàidhlig, agus buidhnean ionadail is nàiseanta eile. Bu chòir dha seo barrachd chothroman a thoirt do chlann an cuid Gàidhlig a chleachdadh agus a leasachadh.
- Bu chòir do dh'àrd-stiùirichean agus luchd-obrach cumail orra a' leasachadh a' churraicealaim, agus ionnsachadh proifeiseanta co-cheangailte, gus taic a thoirt do bharrachd adhbhair, soilleireachd, agus adhartais ann an ionnsachadh agus coileanadh cloinne.

Chruinnich sinn fianais gus luachadh a dhèanamh air obair na sgoile a' cleachdadh ceithir comharran càileachd bho [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(4mh eagraan\)](#). Bidh comharran càilrachd a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh gus breithneachadh air dè tha a' dol gu math agus dè a dh'fheumar a leasachadh. An dèidh sgrùdadh a dhèanamh air gach sgoil, bidh Riaghaltas na h-Alba a' cruinneachadh nan luachaidhean againn gus lorg a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean na h-Alba a' dèanamh.

Seo luachaidhean Foghlam Alba airson Bun-sgoil a' Phluic

Comharran càileachd	Luachadh
A' stiùireadh atharrachadh	riarachail
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	riarachail
A' dèanamh cinnteach à sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhaltas	math
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	riarachail
Gheibhear tuairisgeul air na measaidhean aig: Dè cho math 's a tha an sgoil againn? (4^{mh} eagraan) , Pàipear-taice 3: An sgèile sia puing	

Bidh sgrìobhainn nas mionaidiche, air a bheil Geàrr-iomradh air Toraidhean Sgrùdaidh (SIF) ri faighinn air làrach-lìn Foghlam Alba aig: [Bun-sgoil a' Phluic | Aithisg Sgrùdaidh | Foghlam Alba](#)

Dè thachras a-nis?

Tha sinn misneachail gu bheil comas aig an sgoil leantainn oirre a' leasachadh. Mar thoradh air sin, cha tadhail sinn air an sgoil a-rithist an co-cheangal ris an sgrùdadh seo. Bidh Comhairle na Gàidhealtachd a' cur fios gu pàrantan/luchd-cùraim mu adhartas na sgoile mar phàirt de na h-ullachaidhean aca airson aithris air càileachd nan sgoiltean aca.

Joan C. Esson
Neach-sgrùdaidh an Rìgh